

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

14/10/2015

Bòrd na Gàidhlig ag iarraidh gum bi Bile an Fhoghlaim nas làidire

Tha Bòrd na Gàidhlig air a ràdh an-diugh ris a' Mhinistear airson Foghlam Gàidhlig, an Dr Alasdair Allan, gu bheil iad ag iarraidh gum bi cumhachan nas làidire airson na Gàidhlig ann am Bile an Fhoghlaim a tha dol tro Phàrlamaid na h-Alba an-dràsta. Tha Bòrd na Gàidhlig gu h-àraidh a' sìreadh taic bhon Phàrlamaid airson atharraichean a neartaicheas am Bile. 'S iad sin:

- Bu chòir dleastanas a bhith air ùghdarrasan foghlaim gus Foghlam tron Ghàidhlig a thoirt seachad ann an àiteachan air feadh Alba far a bheil iarrtas reusanta ann
- Gum bi na slatan-tomhais airson na tha iarrtas reusanta a' ciallachadh mar phàirt den Stiùireadh Reachdail a tha BnG ag ullachadh an-dràsta
- Gum bi am Bile a' gabhail a-steach oideachadh an neach-ionnsachaидh air fad eadar aois 3-18 ann am Foghlam tron Ghàidhlig agus chan e dìreach Foghlam tron Ghàidhlig sa Bhun-sgoil
- Gum bi an taic ionmhasail bho Riaghaltas na h-Alba gus àrdachadh a thoirt air an àireamh luchd-teagaisg Gàidhlig a' leantainn gus dèanamh cinnteach nach cuir cion thidsearan bacadh air mar a tha iarrtas ann airson Foghlam tron Ghàidhlig.

Thuirt Cathraiche Bhòrd an Gàidhlig, Ailean Dòmhnaillach: "Bha coinneamh air leth feumail againn leis an Dr Allan, far an do dh'innis sinn dha gu bheil sinn gu math taingeil airson mar a chaidh an reachdas seo a thoirt a-steach don Phàrlamaid, agus thuirt sinn gun robh sinn a' faireachdann gun gabhadh am Bile a neartachadh feuch am biodh slatan-tomhais is dleastanasan nàiseanta ann a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig, bho na tràth-bhliadhnaichean gu deireadh na h-àrd-sgoile. Tha am Bòrd air iarraidh air an Leasaiche Foghlaim Eadar-amail againn, Brus Robasdan, sgrìobhadh chun a' Mhinisteir agus gu Cathraiche Comataidh na Pàrlamaid le fiosrachadh mun fhreagairt againn airson ire a h-aon den Bhile, agus san litir sin bidh sinn ag iarraidh cothrom tuilleadh fiosrachaidh a thoirt don Chomataidh gus innse dhaibh mu na tha fa-near dhuinn. Sna mìosan a tha romhainn, tha sinn a' coimhead air adhart ri cothrom fhaighinn obair ann an dòigh thaiceil còmhla ris a' Mhinistear agus Comataidh na Pàrlamaid gus dèanamh cinnteach gum bi reachdas math is

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



soilleir againn a bheir piseach air cùisean co-cheangailte ri Foghlam Gàidhlig airson clann, pàrantan, tidsearan agus ùghdarrasan ionadail.”

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaидh mun bhrath-naidheachd seo cuiribh fios gu Steven Macìomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d steven@gaidhlig.org.uk no air a' fòn 07595763071.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



14/10/2015

Bòrd na Gàidhlig seeks a stronger Gaelic Education Bill

Bòrd an Gàidhlig has today advised Gaelic Education Minister Dr Alasdair Allan that it is looking for a stronger set of Gaelic provisions in the Education Bill currently progressing through the Scottish Parliament. In particular Bòrd an Gàidhlig is seeking Parliamentary support for changes that strengthen the Bill. These are

- A presumption in favour of Gaelic-medium education across Scotland provided there is reasonable demand
- The reasonable demand criteria be the subject of Statutory Guidance which BNG is currently preparing
- The Bill cover the complete 3-18 learner journey in Gaelic-medium education not just Gaelic-medium Primary Education
- The financial support from Scottish Government promoting the growth of the numbers of Gaelic teachers be continued to ensure that demands for Gaelic-medium education do not falter due to lack of teachers.

Bòrd an Gàidhlig Chairman Allan Macdonald said: "We had a very positive meeting with Dr Allan where we explained how grateful we are for the legislation having been introduced to Parliament and how we feel it can be strengthened so that there is a Scotland-wide set of expectations for Gaelic-medium education from early years to the conclusion of secondary schooling."

The Bòrd has asked its interim Head of Education, Bruce Robertson, to write to the Minister and the Chair of the Parliamentary Committee outlining the detail of its response to the first stage of the Bill which will include a request for an opportunity to give further evidence to the Committee to outline our thinking.

In the months ahead we are looking forward to the opportunity to work constructively with the Minister and the Parliamentary Committee to ensure we have a good and clear piece of legislation that brings improvements for children, parents, teachers and local authorities in relation to Gaelic education."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or phoning 07595763071.